




YOU A SEAT AT THE TABLE, BRING A FOLDING CHAIR.

Shirley Chisholm



iomhaigh © coculture Dealbhadh Feum - Khaled Barakeh

Stiùireadh maoin Drochaid Cultaraich



Clàr-innse

Cliog air na ceanglaichean gu h-ìosal airson a dhol gu na diofar earrannan:

- | | |
|---|----------------|
| 1. Cuideachadh tagraidh | Duilleag 3 |
| 2. Mun mhaoin | Duilleag 3 |
| 3. Amasan a' phrògraim | Duilleag 4 |
| 4. Cia mheud a tha ri fhaotainn? | Duilleag 4 |
| 5. Cò a dh'fhaodas tagradh? (freagarrachd) | Duilleag 5 |
| 6. Cò nach fhaod tagradh? | Duilleag 6 |
| 7. Ciamar a nithear tagradh? | Duilleag 6 |
| 8. Dè cho fad 's a bheir e co-dhùnadh fhaighinn? | Duilleag 6 |
| 9. Cò air a ghabhas maoin a chleachdadh? | Duilleag 6-8 |
| 10. Cò air nach fhaodar tagradh | Duilleag 8 |
| 11. Mar a mheasar ur tagradh (slatan-tomhais) | Duilleag 8-10 |
| 12. Ceistean agus mìneachadh tagraidh, le riaghailtean ionmhais | Duilleag 10-15 |
| 13. Dè ma dheidhinn ma bhios ceist agam? | Duilleag 16 |

1. Cuideachadh tagraidh

Tha sinn airson am pròiseas tagraidh don phrògram Drochaid Chultarach a dhèanamh furasta do gach buidheann a dh'ìarradh tagradh. Ma bhios taic ruigsinneachd phearsanta a dhìth oirbh gus tagradh a dhèanamh, tha grunn dhòighean againn gus ur cuideachadh.

Gheibhear an stiùireadh ann an cruthan ruigsinneach, nam measg leabhran PDF, Teacsa Lom agus Fuaim. Ma tha cruth eile a dhìth oirbh feuch an [cuir sibh fios thugainn](#).

Tha ar stiùiriche prògraim ri fhaotainn gus taic a chumail ri tagraichean a thaobh ceistean a dh'fhaodadh a bhith aca mun stiùireadh no mu thagradh a dhèanamh - faicibh earrainn 13 airson fiosrachadh conaltraidh.

Faodaidh sinn cuideachadh le cosgaisean ruigsinneachd ceangailte ris an obair mum bheileas a' tagradh - faicibh earrainn 12.1 airson tuilleadh fiosrachaidh.

2. Mun mhaoin

'S e Drochaid Chultarach prògram a tha ag amas air dàimhean ùra agus làthaireil a thogail gus iomlaid agus conaltradh eadar-chultarach a chuideachadh ann an raoin nan ealan agus cultar com-pàirteachail eadar a' Ghearmailt agus an RA.

Tha am prògram seo a' cuimseachadh air buidhnean a nochdas deamocrasaidh cultarach tro:

- choimhearsnachdan a chur aig cridhe an cuid obrach chruthachail
- dòighean ùra ealain agus coimhearsnachd a cheangal, gu h-àraidh le co-chruthachadh eadar coimhearsnachdan, luchd-ealain agus com-pàirtichean eile
- taic a chur ri daoine bho air feadh an coimhearsnachdan an comas cruthachaidh a leasachadh agus an guthan fa leth a lorg
- comas a thoirt dan coimhearsnachdan obrachadh còmhla gus cruth a chur air àite ionadail, fèin-aithne còmhla agus comas le chèile

Tha taic-airgid aig a' phrògram Drochaid Chultarach bho sheachd com-pàirtichean: Fonds Soziokultur, Goethe-Institut London, Comhairle Ealain Shasainn, Comhairle Ealain Èirinn a Tuath, Comhairle Bhreatainn, Alba Chruthachail agus Comhairle Ealain na Cuimrigh/Ealain na Cuimrigh Eadar-nàiseanta.

Nithear co-dhùnaidhean a-rèir riaghaltasan na maoine agus bithear ag amas air iomadachd cultarach agus sgìreil an dà chuid na Gearmailt agus na RA.

3. Amasan a' phrògraim

- Taic a chur ri cothroman iomlaid agus leasachadh eadar-nàiseanta do bhuidhnean ealain agus cultarach a tha stèidhichte san RA agus sa Ghearmailt
- Atharrachadh sòisealta a dhèanamh comasach le dòighean com-pàirteachail a chruthachadh thar caochladh seòrsa ealain agus mar fhreagairt do aon no barrachd de chuspairean a' phrògraim:
 - Spionnadh ùr a chur ann an àitichean/coimhearsnachdan an dèidh gnìomhachais
 - Àitichean le nas lugha chothroman airson com-pàirteachais
 - Àitichean agus coimhearsnachdan a chaidh atharrachadh le iomairtean sluaigh
 - Brìgh ùr a chur ann an cleachdadh àrainnean poblach
- A' feuchainn eisimpleirean ùra ann an obair ealain innleachdail, gu h-àraidh a' feuchainn dòighean meanmnach air obair le coimhearsnachdan gus freagairtean ùra agus adhartach a nochdadh do chom-pàirteachadh sòisealta tro obair chruthachail.

4. Cia mheud a tha ri fhaotainn?

Uile gu lèir, tha £310,000 ri fhaotainn don phròiseact (mu €360,000). Tha dà shreath maoin eachaidh aig a' phrògram:

Sreath 1: Com-pàirteachasan ùra

Faodaidh tagraichean eadar £5,000 agus £10,000 uile gu lèir iarraidh do gach com-pàirteachas.

Chan eil maoin eachadh co-fhreagarrach riatanach.

Sreath 2: Com-pàirteachasan stèidhichte

Faodaidh tagraichean suas gu £30,000 uile gu lèir iarraidh do gach com-pàirteachas.

Chan eil maoin eachadh co-fhreagarrach a dhìth gu h-oifigeil, ach tha sinne a' cur taic ri miann com-pàirtichean nas fharsaing a thogail agus teachd-a-steach eile a shireadh, eadar airgead is cuideachadh eile, gus amasan com-pàirteachais a coileanadh.

Faicibh earrainn 9 'Cò air a ghabhas maoin a chleachdadh' airson fiosrachadh a bharrachd mu na Sreathan.

5. Cò a dh'fhaodas tagradh? (freagarrachd)

Tha am prògram seo fosgailte do gach buidhinn* le comas dhearbhte ann an obair conaltraidh shòisealta/com-pàirteachail - faicibh earrainn 2 'Mun mhao-in' agus earrainn 3 'Amasan a' phrògram'.

Cuiridh sinn fàilte air tagraidhean bho bhuidhnean a chuireas taic ri luchd-ealain cruthachail air leth mar phàirt den obair a thathas a' moladh.

Tha am prògram Drochaid Chultarach dealasach a thaobh lìonradh le iomadachd agus ion-ghabhaltachd a thoirt air adhart. Bu chòir dhan obair don toirt sinn taic, agus feachd-obrach nam buidheann ealain agus cultar a mhaoinicheas sinn, iomadachd na RA agus na Gearmailt a nochdadh, agus le sin dh'iar-radh sinn tagraidhean fhaighinn bho bhuidhnean le ceannas iomadachd agus bhon fheadhainn sin bho choimhearsnachdan le dìth riochdachaidh.

Iarrar tagraidhean bho chom-pàirtichean ùra gu Sreath 1 no stèidhichte Sreath 2 - faicibh earrainn 9, 'Cò air a ghabhas a' mhaoin a chleachdadh'.

Bidh taic ann, ron ìre tagraidh, gus ceanglaichean eadar buidhnean Breatannaich agus Gearmailteach a tha ag iarraidh tagradh a dhèanamh airson Sreath 1.

Feumaidh com-pàirtichean a bhith dà-thaobhach, a' gabhail a-steach co-dhiù aon chom-pàirtiche Gearmailteach agus aon às an RA, à tè de na ceithir dùthchannan: Sasainn, Ceann a Tuath na h-Èireann, Alba agus a' Chuimrigh.

Chan fhaod buidhnean ach a bhith an lùib aon thagraiche com-pàirteachais a-mhàin. Ma nì buidheann barrachd na aon thagraiche, bidh e coltach gum measar tagraidhean ceangailte neo-fhreagarrach.

Iarrar air gach com-pàirteachas buidheann-stiùiridh ainmeachadh. Fao-daidh am prìomh chom-pàirtiche a bhith às a' Ghearmailt no à tè de na ceithir dùthchannan san RA agus bidh iad mar phrìomh luchd-conaltraidh às leth a' chom-pàirteachais, le uallach aithrisean a thilleadh gu luchd-maoineachaidh.

Bu chòir do chom-pàirtichean obrachadh còmhla gus ceistean an tagraidh a bhuineas don Chom-pàirteachas agus an Obair – Stiùireadh, Clàr-ama agus Buil – a chrìochnachadh. Bu chòir ionmhas com-pàirtiche fhoillseachadh fa leth, ann an GBP no Euro a-rèir na tha iomchaidh. Faicibh earrainn 12 airson stiùireadh ionmhais a bharrachd.

[*S e a tha 'buidheann' a' ciallachadh dhuinne cruinneachadh de dhaoine a tha ag obair a chum chinn-uidhe choitcheinn le riaghailtean sgrìobhte ceangailte ris an t-seòrsa pròiseict mum bheilear a' tagradh, leithid buidheann carthannais, companaidh earranta no buidheann neo-chorpaichte.

'Sa Ghearmailt buinidh seo do bhuidhnean 'clàraichte' a-mhàin.

Feumaidh cunntas banca a bhith aig buidhinn ann an ainm na buidhne, le dà shoidhniche (daoine le cead seicichean a shoidhneadh).]

6. Cò nach fhaod tagradh?

- Luchd-ealain fa leth – chan eil am prògram seo ach a' cuimseachadh air leasachadh com-pàirteachais dà-thaobhach do bhuidhnean a-mhàin
- Buidhnean stèidhichte (a' còmhnaidh no clàraichte) taobh muigh na RA no na Gearmailt.
- Buidhnean nach nochd gu bheil eachdraidh aca de obair a thaobh com-pàirteachais shòisealta.

7. Ciamar a nithear tagradh?

Thig ceangal don bhileag tagraidh beò air an làrach-lìn aig an Drochaid Chultarach: cultural-bridge.info Diciadain 11 Dàmhair 2023.

'S e ceann-là nan tagradh 5f (RA)/6f (Gearmailt) Diciadain 22 Samhain 2023.

8. Dè cho fad 's a bheir e co-dhùnadh fhaighinn?

Gheibh sibh co-dhùnadh ron 31 Faoilleach 2024.

Chan fhaod ur n-obair tòiseachadh ron Ghearran 2024 agus bu chòir dhith a bhith crìochnaichte ron Ghearran 2025, mur aontaichear an caochladh.

9. Cò air a ghabhas maoin a chleachdadh?

Gabhaidh tagraidhean a dhèanamh airson gnìomhachd corporra, digiteach no measgaichte a chuimsicheas air obair conaltraidh shòisealta/com-pàirteachais agus a fhreagras amasan/cuspairean a' phrògram faicibh earrainn 3.

Feumaidh obair a bhith a-rèir riaghailtean COVID ùghdarrais a tha fhathast ann an tè de na dùthchannan RA no stàitean Gearmailteach far an gabh an obair àite.

Bidh sinn a' cur fàilte air pròiseactan a lùghdaicheas droch bhuaidhean àrainneachd agus a bhrosnaicheas deagh bhuaidhean.

Tha dà shreath maoin eachaidh aig a' phrògram:

Sreath 1, a tha a' cur taic ri cruthachadh com-pàirteachasan ùra eadar buidhnean cultarach san RA agus sa Ghearmailt, feumaidh gach buidheann sealltainn gu bheil eachdraidh aca de dh'obair conaltraidh shòisealta ealain.

Gabhaidh maoin Sreath 1 a chleachdadh air aon no na h-uile de na leanas:

- Leasachadh com-pàirteachais
- Iomlaid
- Muinntireas
- Co-chruthachadh
- Lìonrachadh

Mar eisimpleir:

- Leasachadh gnàth-chleachdadh ealain tro cho-obrachadh eadar-nàiseanta
- Iomlaid de phrìomh dhaoine chruthachail gus beachdan no càirdeasan ùra a dhealbh a dh'fheuchas dòighean ùra innleachdail air na h-ealain agus coimhearsnachd a cheangal.
- Obair deuchainn le dòighean agus cruthan ùra de chonaltradh chultarach ann an sreath de sgeamaichean beaga pileit ann an co-chruthachadh le coimhearsnachdan

Cha bhi dùil againn ri toradh taisbeanadh/ealain bho obair ann an Sreath 1. Bithear, ge-tà, a' sùileachadh gun sgaoil sibh tuigse agus eòlas ùr bho obair còmhla ri càch ann an Drochaid Chultarach agus nas fhollaisiche tro chur ri ar conaltradh prògram agus stuthan eile.

Sreath 2, a tha a' cur taic ri cruthachadh com-pàirteachasan stèidhichte eadar buidhnean cultarach san RA agus sa Ghearmailt, feumaidh gach buidheann sealltainn gu bheil eachdraidh aca de dh'obair conaltraidh shòisealta ealain.

Gabhaidh maoin Sreath 2 a chleachdadh airson:

Mar eisimpleir:

- Leasachadh gnàth-obair ealain, a' gabhail a-steach cuspairean/nòsan/cruthan ùra de chonaltradh cultarach aig ìre nas motha, seachad air ìre toiseach rannsachaidh.
- Co-chruthachadh agus taisbeanadh de dh'obair ùr com-pàirteachail aig ìre nas motha, seachad air ìre toiseach rannsachaidh.

Mar eisimpleir:

- Maoineachadh co-fhreagarrach, far nach leig crìochan na maoin leibh amasan com-pàirteachais a ruighinn, gabhaidh a' mhaoin seo a chleachdadh gu co-fhreagarrach, gus ionmhas a bharrachd fhaighinn.

Bu chòir do thagraidhean Sreath 2 uile na h-uibhir de dh'obair conaltraidh dhìreach/chom-pàirteachail le coimhearsnachdan a ghabhail a-steach. Bithear cuideachd a' sùileachadh gun sgaoil sibh tuigse agus eòlas ùr bho obair còmhla ri càch ann an Drochaid Chultarach agus nas fhollaisiche le tabhartasan dar foillseachaidhean prògram agus stuthan eile.

Feumaidh tagraichean an cuid rannsachaidh fhèin a dhèanamh agus gealladh a bhith aca gun tèid com-pàirtiche(an) ainmichte sam bith an sàs anns a' ghnòthach.

10. Cò air nach fhaodar tagradh

- Obair nach buin ri na h-ealain no ri cruthachadh obrach le conaltradh sòisealta ann an com-pàirteachas
- Pròiseactan a bhios a' gabhail àite no a' tòiseachadh ron Ghearran 2024, mura aontaichear an caochladh
- Cosgaisean/gnìomhachd a tha fo mhaoineachadh eile mar-thà
- Cosgaisean coitcheann ruithe agus rianachd a tha gam pàigheadh le teachd a-steach eile, a' gabhail a-steach na maoin ag aibh fhèin
- Obair a nì prothaid - ma bhios corralach de theachd-a-steach aig ur pròiseact nach caithear sa phròiseact fhèin, cha ghabhar ris an tagradh ag aibh
- Cosgaisean rianachd leantainneach a' buntainn ri uidheam no togalaich, leithid àrachais is cosgaisean obair-ghlèidhidh
- Ceannach susbainteach de sho-mhaoin no tasgadh - faicibh earrann 12.1 airson stiùireadh buidseit

Glèidhidh sinn a' chòir nas lugha de mhaoin a thabhann far a bheil coltas ann gu bheil na cosgaisean mì-fhreagarrach no mì-reusanta.

11. Mar a mheasar ur tagradh (Slatan-tomhais)

An toiseach, sgrùdaichear an tagradh ag aibh feuch a bheil e freagarrach. Feuch a bheil sibh fhèin, ur n-obair agus com-pàirtichean freagarrach don mhaoin

seo – faicibh earrainn 5 agus 6 ‘Cò dh’fhaodas/nach fhaod tagradh?’ agus earrainnean 9 agus 10 ‘Co air a ghabhas/nach gabh maoin a chaitheamh’.

Aon uair is gun dearbhar freagarrachd, measar an tagradh le diùraidh de dh’èolaichean neo-eisimeileach, le riochdairean Gearmailteach agus RA air an ainmeachadh le com-pàirtichean maoin Drochaid Cultaraich.

Breithnichidh an diùraidh air an tagradh a-rèir nan ceithir slatan-tomhais a leanas:

An com-pàirteachas:

- Sreath 1 a-mhàin: A bheil adhbhar ann airson taghadh chom-pàirtichean (an sgilean, obair, eachdraidh) agus an cuidich structar a’ chom-pàirteachais le coileanadh amas a’ phròiseict?
- Sreath 2 a-mhàin: An do nochd na com-pàirtichean gu bheil eachdraidh aca obair còmhla, agus an cuidich structar a’ chom-pàirteachais le coileanadh amas a’ phròiseict?
- A bheil an com-pàirteachas co-chòrdach - am faigh com-pàirtichean uile buannachd às a’ ghnìomhachd?

Làimhseachadh obrach:

- Sreath 1 a-mhàin: A bheil am plana air a dheagh ullachadh agus a bheil an obair a mholar a’ nochdadh innleachdas - comas airson rannsachadh no dòigh ùr no eadar-dhealaichte a chruthachadh?
- Sreath 2 a-mhàin: A bheil am moladh a’ nochdadh innleachdas agus miann adhartais, leithid cuspairean/nòsan/cruthan ùra de chonaltradh cultarach a thogail aig ìre nas motha, a’ gabhail a-steach beachdachadh air com-pàirteachasan agus teachd-a-steach a bharrachd, aig an àm seo no san àm ri teachd?
- A bheil e a’ freagairt air feumalachdan sònraichte làithreach no dùbhlanan nan com-pàirtichean a-rèir aon no barrachd de chuspairean na Drochaid Cultaraich?

Comas buaidh:

- A bheil am moladh a’ toirt dreach air comas buaidh na gnìomhachd do luchd-ealain agus coimhearsnachd? Faodaidh seo a bhith a’ gabhail a-steach gnàth-chleachdadh ealain agus nòsan conaltraidh a leasachadh, dòighean innleachdach gus ruighinn air coimhearsnachdan ùra, cothroman co-obrachaidh nas fharsaing san àm ri teachd 7c.
- A bheil na planaichean gus an t-ionnsachadh a sgrùdadh, a ghleidheadh agus a sgaoileadh iomchaidh?

Structar gnìomhachd + stiùireadh:

- A bheil coltas reusanta air an t-suim a dh'iarrar agus an cunntas chosgaisan don obair a ghabhas àite?
- A bheil an loidhne-ama a' coimhead dèantach?
- A bheil e soilleir dè tha a' gabhail àite, cuin agus cò leis?
- A bheil coltas ann gum bi a' bhuaidh no na toraidhean miannaichte aig na gnìomhachdan a chaidh mhìneachadh?

Tomhaisear tagraidhean a-rèir nan ceithir slatan-tomhais. Bruidhnidh an diùraidh air na tagraidhean agus comharran gu lèir aig a' choinneamh co-dhùnaidh. Nan cuid breithneachadh a thaobh nan duaisean deireannach, co-thromaichidh buill tabhartasan le a bhith toirt fa-near dha:

- Iomadachd chultarach
- Iomadachd sgìreil, a' gabhail a-steach com-pàirteachasan obrach a cho-thromachadh air feadh na Gearmailt agus gach tè de na ceithir dùthchannan san RA – Sasainn, Ceann a Tuath na h-Èireann, Alba agus a' Chuimrigh

Mas e is gum faigh sinn tuilleadh thagraidhean na bhathas a' sùileachadh, glèidhidh sinn a' chòir cuairt criathrachaidh a bharrachd a thoirt a-steach, san t-suidheachadh seo chan fhaigh ach na tagraidhean as motha a gheibh comharran troimhe fa chomhair breithneachadh an diùraidh.

Air sgàth uiread de thagraichean a thathas a' sùileachadh a thig agus comasan cuingichte ar diùraidh, chan fhaigh sinn air beachdan mionaideach a thoirt mu thagraidhean neo-shoirbheachail don phrògram.

Gheibh tagraichean soirbheachail fios ri 31 Faoilleach 2024, agus aontaichear clàran-ama tabhartasan agus maoinachadh mus tòisich am prògram.

Gheibh pròiseactan soirbheachail taic is cuideachd tron bhliadhna agus iarraidh sinn ionnsachadh a sgaoileadh rè àm na h-obrach agus cur ri obair mheasaidh rè agus an dèidh ceann-là deireannach na gnìomhachd maoinichte.

12. Ceistean agus mìneachadh tagraidh

An com-pàirteachas agaibh

- Sreath 1 a-mhàin: Carson a cho-dhùin sibh fhèin is ur com-pàirtiche obair còmhla? (250 facal)
- Sreath 2 a-mhàin: Carson a cho-dhùin sibh fhèin is ur com-pàirtiche obair còmhla a-rithist, cuiribh fiosrachadh an cois seo gus ur n-eachdraidh de

dh'obair ann an com-pàirteachas a nochdadh? (250 facal)

- Innsibh dhuinn mu dheidhinn eachdraidh nan dà bhuidheann a thaobh obair ealain le conaltradh sòisealta/com-pàirteachas. (300 facal)
- Innsibh dhuinn carson a tha an obair seo cudromach do gach com-pàirtiche na lùib agus ciamar a chìtheadh sibh an dàimh a' tighinn air adhart san àm ri teachd? (300 facal)

Ur n-obair

- Innsibh dhuinn dè a tha sibh a' cur romhaibh a dhèanamh, a' gabhail a-steach cò leis, càit is cuin. A bheil coltas ann gum bi an obair corporra, dig-iteach no measgaichte? (300 facal)
- Dè an dòigh sa bheil an obair seo a' feuchainn rud ùr agus a' dèiligeadh ri feumalachdan no dùbhlanan làithreach a-rèir aon no barrachd de chus-pairean Drochaid Cultaraich? (250 facal)

Toraidhean obrach

- Sreath 1 a-mhàin: Dè na buannachdan no buaidh sònraichte a tha sibh a' sùileachadh mar thoradh air an ùine rannsachaidh/iomlaid, a thaobh an dà chuid an com-pàirteachas ealain agus coimhearsnachd a bhith an sàs, san àm seo no san àm a tha ri teachd? (300 facal)
- Sreath 2 a-mhàin: Dè na buannachdan no buaidh sònraichte a tha sibh a' sùileachadh mar thoradh air an obair, a thaobh an dà chuid an com-pàirteachas ealain agus na coimhearsnachdan a bhios an sàs? (300 facal)
- Innsibh dhuinn ciamar a tha sibh a' cur romhaibh adhartas ur n-obrach a rannsachadh agus a mheas, a' gabhail a-steach toraidhean ionnsachaidh a ghlèidheadh agus a sgaoileadh? (250 facal)

Stiùireadh ur n-obrach

- Nach innis sibh dhuinn ciamar a stiùireas sibh ur n-obair sa chom-pàirteachas, mar eisimpleir, ciamar a roinnear obair eadar com-pàirtichean RA agus Gearmailteach? (200 facal)

Clàr-ama obrach

- Thoiribh cunntas air prìomh cheumnan na h-obrach bhon cheann-là tòiseachaidh air adhart, a' gabhail a-steach càit an tachair i agus cò a bhios aig an stiùir a thaobh gach obrach is gnìomh.

Iarraidh sinn oirbh clàr a lìonadh a-steach a dh'ainmicheas na prìomh cheumnan agus gnìomhan na h-ùine obrach dam bheil sibh a' tagradh, bhon cheann-là tòiseachaidh air adhart.

Faodaidh prìomh cheumnan a bhith a' gabhail a-steach planadh, coinneamhan cruthachaidh agus rannsachaidh, siubhal, a bhith aig no a' lìbhrigeadh tachartasan/bùithtean-obrach, buidhnean beachd, coinneamhan measaidh agus an leithid.

Tha sinn airson faicinn gun do bheachdaich sibh air ciamar a chleachdas sibh ur tìde, agus gun toir sibh ur n-obair gu buil san ùine a chuir sibh ma seach dhith.

Tuigidh sinn gur dòcha nach aithne dhuibh na cinn-là mhionaideach aig àm an tagraidh agus gur dòcha gun atharraich cinn-là mar thoradh air sin.

Ionmhas obrach

- Innsibh sibh dhuinn dè na tha sibh ag iarraidh bhuainn gu lèir ann an £, a' gabhail a-steach cosgaisean ruigsinneachd pearsanta sam bith a dh'fhaodas a bhith a thuilleadh air ionmhas ur n-obrach (agus nas àirde na a' chrìoch tagraidh as àirde don t-Sreath)
- Dè uibhir den iarrtas seo a tha ceangailte ri cosgaisean ruigsinneachd pearsanta? Innsibh dhuinn cò air a chaithear iad sin? (150 facail)
- Innsibh dhuinn ciamar a chumas sibh rian air a' mhaoin a thathar a' sireadh, a' gabhail a-steach fiosrachadh mu cò a bhios a' stiùireadh ur cuid gnothaichean ionmhais. (150 facal)
- Sreath 2 a-mhàin: Ma thathas a' sireadh maoin eachadh co-fhreagarrach, innsibh mur planaichean teachd-a-steach eile fhaotainn agus dè an ìre aig a bheil sibh le seo. (200 facal)

Taisbeanadh ur cunntas ionmhais:

Sreath 1:

Iarraidh sinn oirbh clàr a lìonadh a-steach do gach com-pàirtiche* ag aithris caitheamh ionmhais gu lèir don obair, a' mìneachadh seòrsa, iomradh agus suim.

Thoiribh sùil air earrainn 10 - 'Cò air nach fhaodar tagradh' agus 12.1 airson 'Riaghailtean ionmhais'.

Sreath 2:

Iarraidh sinn oirbh ur cunntas-ionmhais a nochdadh ann an clàr Excel air leth le làn chunntas air teachd-a-steach obrach (far a bheil e iomchaidh) agus caitheamh-airgid nan com-pàirtichean Gearmailteach agus RA air a' phròise-act.

Iarraidh sinn oirbh tabaichean eadar-dhealaichte a chleachdadh anns a' chlàr agus cunntasan-ionmhais nan com-pàirtichean Gearmailteach agus RA a thaisbeanadh air leth, ann an £ no € a-rèir na tha iomchaidh.

Thoiribh sùil air earrainn 10 - 'Cò air nach fhaodar tagradh' agus 12.1 airson 'Riaghailtean ionmhais'. Thoiribh fa-near na riaghailtean Sreath 2 a bharrachd do earrainn 12.2, a tha brìghmhor a-mhàin nuair a bhite a' sireadh maoin eachadh co-fhreagarrach.

12.1 Riaghailtean ionmhais

Ullaichibh ur cunntas-ionmhais le iomradh air caitheamh-airgid gu lèir don obair. Feumaidh sinn faicinn ciamar a dh'obraich sibh ur cuid cunntasan a-mach, le sin taisbeanaibh iad gu soilleir fo gach ceann chosgais, a' mìneachadh seòrsa, iomradh agus suim.

1. Tuarastail no pàigheadh do luchd-ealain no luchd-cruthachail a tha an sàs
2. Cosgaisean ealain no cruthachail eile, leithid rannsachadh, glèidheadh dig-iteach
3. Màil no ceannach, leithid ionad, stuth no uidheamachd
4. Margaidheachd agus leasachadh sluaghan-amhairc
5. Cosgaisean ruigsinneachd, leithid pearsanta agus/no ur n-obair a dhèan-amh ruigsinneach do chàch
6. Siubhal agus àite-fuirich
7. Cosgaisean rianachd, leithid àrachas, bileagan siubhail ☒c.
8. Eile, leithid cosgaisean gun fhiosta

Thoiribh fa-near 'Cò air nach fhaodar tagradh' ann an earrainn 10.

Faodaidh cosgaisean ruigsinneachd pearsanta a bhith gan cur ri ionmhas ur n-obrach agus nas àirde na a' chrìoch tagraidh as àirde don t-Sreath. Is iad cosgaisean ruigsinneachd pearsanta cosgaisean co-cheangailte ri ur feumalachdan ruigsinneachd, agus/no feumalachdan ruigsinneachd sam bith aig feadhainn cruthachail leis a bheileas ag obair gu dìreach gus ur n-obair a choileanadh agus/no ur tabhartas a ruith. Bu chòir cosgaisean ruigsinneachd gus leigeil le daoine gnothach a ghabhail ri ur n-obair, (leithid neach-mìneachaidh do bhùth-obrach), a bhith an lùib cunntas ur n-obrach.

Bu chòir pàigheadh do luchd-ealain agus proifeiseantaich a bhios an sàs nur n-obair a bhith sa chunntas-ionmhais. Tha sinn gu mòr airson gum faigh an fheadhainn a tha ag obair ann an cruthachalachd is cultar tuarastal ceart agus cothromach. Iarraidh sinn oirbh a bhith cinnteach gum bi ìrean tuarastail luchd-ealain agus proifeiseantaich nur n-obair (sibh fhèin cuideachd) a-rèir no nas fheàrr na ìrean de shamhail sa ghnìomhachas. Cuideachd a' gabhail a-steach eòlas agus sgilean, seòrsa obrach agus cho fada agus a mhaireas i.

Faodaidh tagraichean san RA cur a dh'iarraidh cosgaisean rianachd a bhùineas gu dìreach ris an obair dam bheileas ag iarraidh taic bhuaninn – leithid pàigheadh luchd-obrach, cosgaisean fòn, post agus àrachas. Faodar tagradh a dhèanamh mu choinneamh nan cosgaisean rianachd leantainneach mura h-eil airgead gu leòr dhaibh à maoin eile.

A thaobh tagraichean Gearmailteach cha bhi taic ann ach do chosgaisean obrach fhèin agus feumar dearbhadh san aithris dheireannach. Feumar na cosgaisean uile a dhaingneachadh le bannan-cuidhteis.

Faodaidh cosgaisean fon ainm cosgaisean eile a bhith sna cunntasan agaibh do obair nach eil fo aithris eile, ge-tà bu chòir dhuibh cunntas soilleir mu dè a tha anns a' chaitheamh-airgid seo a shealltainn Faodaidh suim a bhith an cois seo do chosgaisean ris nach robh dùil (cosgaisean gun fhiosta).

Ma dh'fheumas sibh stuthan no uidheamachd (buannachd) a cheannach bu chòir dhuibh na cosgaisean a ghabhail sa chunntas agus innse man deidhinn san raon mineachaidh. Bu chòir dhuibh tuairmse-cosgais farpaiseach fhaigh-inn bho bharrachd air aon ghnìomhachas no solaraiche. Chan e ceannach stuth prìomh adhbhar a' phrògram, ach tuigidh sinn gur dòcha gum feum sibh cuid de rudan a cheannach gus an obair a choileanadh. Mar phàirt de na deuchainnean freagarrachd againn nì sinn co-dhùnadh a bheil ceannachd stuthan sam bith a mholar iomchaidh. A thaobh buidhnean Gearmailteach, cha bu chòir ceannach tasgaidh/stuth a bhith tuilleadh air 800 Euro (glan).

Nuair a bheachdaichear air cosgaisean siubhail, stuth agus uidheamachd a cheannach iarraidh sinn tagraidhean le cho beag is a ghabhas de bhuidh àrainneachd.

Gabhaidh cosgaisean do thagraichean Gearmailteach obrachadh a-rèir riaghailtean nàiseanta nan cosgaisean siubhail: 'Bundesreisekostengesetz'.

Thoiribh fa-near gum pàighear duaisean fa leth do bhuidhnean RA agus Gearmailteach am broinn gach com-pàirteachais. Gheibh buidhnean stèidhichte san RA an cuid airgid dìreach bho Goethe-Institut London agus gheibh an fheadhainn stèidhichte sa Ghearmailt an leithid bho Fonds Soziokultur. Bu chòir don t-suim a bhith ga roinn cho co-ionnann sa ghabhas, chan fhaigh aon chom-pàirtiche an t-airgead gu lèir.

Tuigidh sinn gur dòcha gum feumar atharraichean a dhèanamh a thaobh ur cosgaisean obrach tron ùine libhrigeadh, ach feumar atharraichean susbainteach aontachadh leis a' bhuidheann-stiùiridh RA no Ghearmailteach.

12.2 Riaghailtean Ionmhais a bharrachd do Shreath 2:

Chan eil maoinachadh co-fhreagarrach a dhìth gu h-oifigeil, ach tha sinne a' cur taic ri miann com-pàirtichean nas fharsaing a thogail agus teachd-a-steach eile a shireadh, eadar airgead is cuideachadh eile, gus amasan com-pàirteachais a coileanadh.

Mura h-eil dùil agaibh maoinachadh co-fhreagarrach iarraidh, a thaobh cuideachadh no airgead cruaidh, bu chòir ur cunntas-airgid gabhail a-steach cosgaisean iomlan na h-obrach dam bheil sibh a' tagradh, suas gu crìoch àrd an t-sreath (£30,000), agus le cosgaisean ruigsinneachd pearsanta sam bith.

San t-suidheachadh seo, thoiribh sùil air na riaghailtean ionmhais tùsail gu h-àrd.

Ma dh'innseas sibh gu bheil sibh a' sireadh maoin eachadh co-fhreagarrach, beachdaichidh sinn air ur tagradh mar thabhartas a dh'ionnsaidh cosgaisean iomlan ur n-obrach com-pàirteachail agus bu chòir ur tagradh agus clàr-chosgaisean a bhith a-rèir seo, le maoin na Drochaid Cultaraich ga taisbeanadh mar earrainn de theachd-a-steach iomlan a' phròiseict.

Bu chòir airgead no cuideachadh co-fhreagarrach sam bith eile a mhìneachadh sa chunntas teachd-a-steach le fios dè an ìre aig a bheil sibh a thaobh an ionmhais a bharrachd fhaighinn, leithid: fo dheasbad, dùil ris, dearbhte.

Innsibh dhuinn mu theachd-a-steach ur pròiseict fo na cinn teachd-a-steach, leithid:

- Teachd a-steach air a chosnadh - teachd-a-steach sam bith a gheibhear bhon obair (leithid reic tiocaidean, cosgaisean bùithtean-obrach no reic obraichean no foillseachain).
- Maoin phoblach eile - maoin sam bith a fhuaras no a dh'iarradh bho bhuidheann phoblach sam bith eile. Thoiribh dhuinn ainm gach buidhne agus an suim.
- Teachd a-steach prìobhaideach - teachd a-steach sam bith bho thùsan prìobhaideach, leithid bhuaibh fhèin no bhon bhuidhinn agaibh, tiodhlacan no tabhartasan bho urrasan agus fonndasan no sluagh-mhaoineachadh.
- Taic mar stuth - stuthan no seirbhisean air am feumadh sibh pàigheadh ach a bheirear an-asgaidh no nas saoire.
- Bu chòir ur buidseat, teachd a-steach agus caiteachas a bhith cothromach. Measaidh sinn neart ur cunntasan a' cleachdadh ur n-àireamhan agus ur mìneachaidhean.

Bu chòir ur buidseat, teachd a-steach agus caiteachas a bhith cothromach. Measaidh sinn neart ur cunntasan a' cleachdadh ur n-àireamhan agus ur mìneachaidhean.

13. Dè ma dheidhinn ma bhios ceist agam?

Cuiridh buidhnean Breatannach fios gu:
Lorna Palmer
Stiùiriche Phrògraim, Drochaid
Chultarach
contact@cultural-bridge.info
07515 191979

Cuiridh buidhnean Gearmailteach fios gu:
Tabea Deckers
Fonds Soziokultur e.V.
deckers@fonds-soziokultur.de
02 28 - 97 144 7923

